


Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

Bòrd na Gàidhlig a' fuasgladh Maoin Gniomhachaидh Achd na Gàidhlig (GLAIF) 2010-11

05 An t-luchar 2010

Tha Bòrd na Gàidhlig air sgeama Maoin Gniomhachaидh Achd na Gàidhlig (GLAIF) 2010-11 fhosgladh airson tabhartasan ùra. Bidh an sgeama fosgailte gu meadhan latha, Dihaoine 13 An Lùnastal 2010.

Tha am Bòrd a' sireadh thagraidhean airson na maoine seo bho na buidhnean dligheach a leanas: ùghdarrasan poblach a tha gu làithreach a' buileachadh Plana Gàidhlig reachdail no an impis Plana Gàidhlig reachdail a thoirt gu buil; ùghdarrasan poblach a tha ainmichte ann am prògram fiosrachaидh foillsichte a' Bhùird air an iarrar Plana Gàidhlig reachdail a dheasachadh; ùghdarrasan poblach air nach bithear ag iarraidh Plana Gàidhlig a dheasachadh rè ùine, ach a tha san eadar-ama airson an taic don Ghàidhlig adhartachadh; agus buidhnean nach eil fo chòmhdaсh solaran Achd na Gàidhlig 2005, leithid companaidhean priobhaideach agus buidhnean saor-thoileach, a tha airson àrdachadh a dhèanamh air an àrainneachd Gàidhlig agus taic sam bi na Planaichean Gàidhlig sin, a tha air an aontachadh le Bòrd na Gàidhlig, air an toirt gu buil.

Thuirt Daibhidh Boag, Leasaiche Cànan a' Bhùird: " Tha cothroman an seo do bhuidhnean cur a-staigh airson taic mu choinneamh phròiseactan a tha a' cur ri Ginealach Ùr na Gàidhlig. Tha againn a-nis ri astar ar cuid obrach a thogail agus tha sinn soilleir mun t-slige a tha romhainn. Tha sinn an coluadar ri buidhnean Gàidhlig mu dhòighean anns an tèid aca fhèin cur ris an obair seo agus bidh sinn toilichte beachdan fhaighinn bho chompanaidhean is buidhnean eile a tha deònach tarraing air an aon ràmh airson Ginealach Ùr na Gàidhlig a thoirt gu ire."

Tha bileagan iarrtais agus fiosrachadh airson tagraighean air làrach-lìn a' Bhùird www.gaidhlig.org.uk air duilleag nam Planaichean Gàidhlig.

Airson tuilleadh fiosrachaيدh cuir fios gu:-Bòrd na Gàidhlig, Darach, Fèith nan Clach Inbhir Nis IV2 7PA Fòn: 01463 225454 Post-d: glaif@gaidhlig.org.uk
Crioch

Notaichean

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Ginealach Ùr na Gàidhlig Tha Ginealach Ùr na Gàidhlig a' cur taic ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2007-12 agus ri riatanasan Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, ag ath-phriomhachadh ghoireasan agus ghnìomhan gus meudachadh air togail càinain a thoirt gu buil mean air mhean. Airson tuilleadh fiosrachadh faic www.gaidhlig.org.uk
Airson tuilleadh fiosrachaidh mu ghnothach sam bith an luib an naidheachd seo, cuiribh fòn gu Shona Sloan, Manaidsear Corporra & Conaltraidh, shona@gaidhlig.org.uk, 07500099394 no gu Uisdean MacIlnnein air 0751 528 67040

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bòrd na Gàidhlig opens Gaelic Language Act Implementation Fund (GLAIF) 2010-11

05 July 2010

Bòrd na Gàidhlig has set in motion the 2010-11 round of the Gaelic Language Act Implementation Fund which is now open to new applications. The bidding round will remain open until noon, Friday 13th August 2010.

The Bòrd invites applications for this fund from the following eligible bodies: public Authorities that are currently implementing or about to implement a statutory Gaelic Language Plan; public Authorities named in the Bòrd's published notification programme who will be asked to prepare a statutory Gaelic Language Plan; public Authorities who are unlikely to be asked to prepare a Gaelic Language Plan in the immediate future, but who wish in the meantime to progress their support for Gaelic; and bodies not covered by the provisions of the 2005 Act, such as private companies and voluntary bodies, who wish to enhance the environment of support in which those Gaelic Language Plans approved by Bòrd na Gàidhlig will be implemented.

David Boag, Leasaiche Cànan of Bòrd na Gàidhlig said: "This is an opportunity for public bodies to apply for support for projects that will implement our action plan, Ginealach Ùr na Gàidhlig. This plan is a more focused approach to implementing the National plan for Gaelic and we would be delighted to hear from companies and public bodies who are willing to help us implement this plan."

Applications forms and further information is available on the Bòrd's website at www.gaidhlig.org.uk under the Gaelic plans page.

For further information on the scheme please contact us at:- Bòrd na Gàidhlig, Darach , Fèith nan Clach, Inbhir Nis IV2 7PA Fòn: 01463 225454; Post-d: glaif@gaidhlig.org.uk
Ends

Notes

Ginealach Ùr na Gàidhlig Ginealach Ùr Na Gàidhlig supports the National Plan for Gaelic 2007-12 and the requirements of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005, reprioritising resources and actions to support an incremental increase in learning and using Gaelic. For more information see www.gaidhlig.org.uk

For more information on this news release contact Shona Sloan, Communications Manager, shona@gaidhlig.org.uk, 07500099394, or Hugh Dan MacLennan on 0751 528 67040.